

Aonghas MacCoinnich

“Scribis le pen de shenchis.” Criomagan de Ghàidhlig ann an Eachdraidhean Beurla Chlann Choinnich, c. 1550-1711

Ro-Ràdh – Clann Choinnich & na h-Eachdraidhean

B’e buidheann cumhachdach a bh’ann an Clann Choinnich a bha a’ riaghladh caob farsaing de Shiorrachd Rois eadar Rubha na Cananaich air tìr-mòr agus Àird Uige ann an Leòdhas rè an t-seachdamh is an ochdamh linn deug.¹ Cha robh cinneadh eile na bu lìonmhoire is na bu chumhachdaich air a’ Ghaidhealtachd mun àm-sa ach na Caimbeulaich a-mhàin. Coltach ris a’ mhòr chuid de chinnidhean eile air a’ Ghaidhealtachd agus mòran theaghlaichean de dh’ uaislean ann an seagh nas fharsainge ann an Alba is ann am Breatainn, bha iad a’ cruthachadh eachdraidhean an cuid teaghlaich fhèin mun àm seo.² Chomharraich Màrtainn MacGriogair cnap de eachdraidhean, 62 dhiubh, a bhuineadh do dhiofar theaghlaichean air feadh na Gaidhealtachd, agus bhuineadh 15 dhiubh sin do Chlann Choinnich.³

Ged is e 15 a dh’ainmich Màrtainn airson a’ chinnidh seo, ma chunntas tu leth-bhreacan agus tair-sgrìobhainnean de na làmh-sgrìobhainnean seo cuideachd, tha 34 dreach againn uile gu lèir de làmh-sgrìobhainnean a bhuineas do eachdraidh agus sloinntearachdan Chlann Choinnich a-mhàin ann an grunnan thasg-lannan (agus dh’ fhaodadh gun tigeadh an tuilleadh am bàrr) a chaidh an dèanamh eadar an t-siathamh is an ochdamh linn deug (Pàipear Taic [neo ‘PT’] 2). Tha sia dhiubh sin air chall. Ged a bha iad sgrìobhte le Gaidheil, b’anns a’ Bheurla seach anns a’ Ghàidhlig a bha iad seo sgrìobhte, ach coltach ri dòrlach beag eile de sgrìobhainnean

anns a' Bheurla le Gaidheil mun àm seo, bha beagan rannan a' nochdadh annta anns a' Ghàidhlig—ach ann an cruth-sgrìobhainn neo *orthography* Beurla Scotsaich/Shasannaich seach na modhan sgrìobhaidh 'àbhaisteach' Clasaigeach (neo Èireannach) dhan Ghàidhlig.⁴

Ged a bha corra dhuine agus teaghlach, nan "*Literati*" mar a theirte riutha, a' leantainn modhan sgrìobhaidh na Gàidhlig Clasaigich, b'ann air an taobh siar agus ceann a deas na Gaidhealtachd a bu bhitheanta a bhathar a' cleachdadh seo. Cha mhòr gu bheil fianais sam bith ann gu robh Gàidhlig Chlasaigeach ga cleachdadh air taobh a-muigh iomall deas is siar na Gaidhealtachd.⁵ B'e Laideann, gu ìre bheag, agus a' Bheurla Ghallda neo *Scots* (a' Bheurla Shasannach a' tòiseachadh an dèidh 1603) gu ìre nas motha, a bha ga chleachdadh air a' Ghaidhealtachd air fad airson na mòr chuid de sgrìobhainnean rè an àma seo (còigeamh-seachdamh linn deug). Cleachdadh a bh'ann a bhith a' sgrìobhadh le *Scots*/Beurla, theirinn-sa, a bha gu math cumanta is farsaing air a' Ghaidhealtachd o linntean gu math tràth.⁶

Tha seo a' fàgail gu bheil beàrnan mòr againn anns an taobh "Ghaidhealaich" de eachdraidh na Gaidhealtachd, agus gur ann an Scots neo Beurla (is Laideann gu ìre nas lugha) a tha cha mhòr a h-uile pìoc fianais àbhaisteach "eachdraidheil" a th'againn mu na fineachan Gaidhealach. Cha bhiodh a bheag a dh' fhianais air Clann Choinnich mar Ghaidheil ann an clàraidhean co-thimeil eachdraidheil idir againn mura b' e gun deach duanaire Fheàrnaig (1688) agus làmh-sgrìobhainnean Dhòrnaidh (c. 1860 x 1897) an sàbhaladh. Tha iad sin a' toirt boillsgidhean de sheallaidhean dhuinn (ged is ann tro mhodh-sgrìobhaidh na Beurla) air a' bhàrdachd Ghàidhlig a bha ga cruthachadh ann an dùthaich Mhic Choinnich anns an t-seachdamh linn deug.⁷

Mar sin, leis gu robh coltas cho "Gallda" air sgrìobhainnean dhaoine on Ghaidhealtachd anns an fharsaingeachd, feumar oidhirp a dhèanamh cuimhneachadh, le bhith a' leughadh nan tùsan Beurla, gur e Gaidheil a bh' annta, fiù anns na h-eachdraidhean aca fhèin leis gur ann sa Bheurla a tha iad sgrìobhte. Agus is ann mar seo a tha an iomadach dreach de dh'eachdraidh Chlann Choinnich cuideachd a thaobh cainnt—is iad uile, coltach ri eachdraidhean chinnidhean eile (ach leabhraichean Chlann Raghnaill a-mhàin), sgrìobhte anns a' Bheurla, ged a tha sanasan annta gu math tric mu chomasan "Gàidhlig" an luchd sgrìobhaidh, sin gum b'urrainn dhaibh a bruidhinn, mar eisimpleir, neo corra inneas air ainm, facal, neo abairt shònraichte.⁸ Mar seo is ann air an "*illiterati*" co-dhiù ann an seagh na Gàidhlig Clasaigich, a bhios am pàipear seo a' cuimseachadh—sin buidheann de Ghaidheil, Clann Choinnich, nach robh idir, cho fad's is aithne dhuinn a' cleachdadh na Gàidhlig Clasaigich neo modhan sgrìobhaidh àbhaisteach na Gàidhlig ach Gàidhlig na h-Albann a thaobh cainnt agus modhan-sgrìobhaidh na Beurla *Scotach* / Shasannach anns a' bhitheantas.⁹

Eachdraidh Sgoileireachd nan Sgrìobhainnean

Tha trì fichead bliadhna on a mhol an t-Urr Uilleam MacMhathain gu robh feum air sùil chunbhalach a thoirt air eachdraidhean Chloinn Choinnich:

A thoroughgoing criticism of these traditions [Mackenzies] should be based upon a detailed study of the various family histories and their recensions, showing how they are related to one another, and possibly to other works such as Robert Gordon's Genealogical History of the Earldom of Sutherland. This would be a difficult undertaking, not only on account of the great number of MSS, but also because some of the most important of them, believed to be in private hands, would require to be traced.¹⁰

Thug e mu leth-cheud bliadhna mas do thog sgoilear eile air a' bhunait seo, nuair a rinn Jean Munro alt beag a' comharrachadh càit an gabhadh làmh-sgrìobhainnean le eachdraidhean Chlann Choinnich a lorg.¹¹ Ach cha do sgrìobh daoine dad mu ghnè sgrìobhaidh nan eachdraidhean teaghlaich "Gaidhealach" seo anns an fharsaingeachd gun do nochd dà alt tùrail, brosnachail is farsaing o Mhàrtainn MacGriogair ann an 2002 is 2008.¹² Cha tèid agamsa air ceist neo dùbhlann Uilleim MhicMhathain (gu h-àrd) fhuasgladh an seo. 'S e cuspair mòr a th' ann an seo a tha airidh air rannsachadh nas fharsainge, ach lùiginn clach bheag eile a chur air bunait nan càrn a thòisich Jean Munro agus a thog Màrtainn MacGriogair. Tha mi an dùil sgrùdadh nas iomlaine a dhèanamh air na h-eachdraidhean agus air na caoban Gàidhlig an àiteigin eile anns an àm ri teachd na thèid agam air a dhèanamh anns an alt ghoirid seo, ach bu mhath leam cuid de cheistean mu na h-eachdraidhean seo a thogail, agus na caoban Gàidhlig cudromach a tha nan lùib a thoirt fa chomhair dhaoine—cuid dhiubh airson a' chiad uair an clò cho fad's is aithne dhomh (Seallaibh ri Pàipear Taic 1 no "PT 1" an dèidh seo) ged a tha na luinneagan Gàidhlig sin airidh air tuilleadh sgrùdaidh a thaobh cainnt is structur na bàrdachd na gheibh iad an seo. Is e iad seo, oidhirpean air caoban beaga de Ghàidhlig a sgrìobhadh, rud a chaidh a chur air pàipeir le daoine a bha a' sgrìobhadh gu làitheil, gu sgiobalta is gu fileanta anns a' Bheurla ach nach robh a' sgrìobhadh is dòcha anns a' Ghàidhlig ach fìor chorra-uair—ma bha idir.¹³ Le seo b'e Gaidheil a bh'annta nach robh idir foghlamaichte anns a' chànan aca fhèin agus modhan sgrìobhaidh na Gàidhlig ach cho fileanta is a ghabhas ann an *Scots* agus Beurla. Agus, b' ann sa Bheurla a bha 'eachdraidhean' nam fineachan Gaidhealach air fad (ach Clann Raghnaill a-mhàin) sgrìobhte, c. 1550-1750, is eachdraidhean Chlann Choinnich mar an ceudna.¹⁴

Tùs nan Eachdraidhean

Bhathar a' smaoin eachdhadh o shean gur e fear "Parson MacQueen" a sgrìobh a' chiad eachdraidh de Chlann Choinnich. Bha am beachd seo stèidhichte air fiosrachadh a thog Uilleam MacMhathain, a' chiad duine a sgrìobh mu na h-eachdraidhean seo, o sheann làmh-sgrìobhainn, is dòcha an dreach dhan *Ardentoul MS* a th'ann an leabharlann bhaile Dhùn Èideann (PT 2). Lean Jean Munro MacMhathain leis a' bheachd mu MacQueen mar a' chiad sgrìobhaiche.¹⁵ Is e Mgr Iain MacRath, a bha na mhinisteir an Inbhir Pheofharain eadar 1674 agus 1704 a sgrìobh an *Ardentoul MS* seo.¹⁶ Bha luaidh air MacRath an sin air fear "Parson MacQueen":

This parson finding himself fallen out of favour with Mackenzie in his later days sold his possessions in Ardmeah[*n*]aich, and went to Strathnarn, his native country, where his friends and relatives were in Kenneth Lord Kintails time [*i.e.*, 1594-1611], and that he did write the history of the Mackenzies before that appears by his farewell, delivered in Irish verse or rhyme [...]¹⁷

Tha an "Irish verse" seo rud beag doirbh a leughadh, an dàrna is an còigeamh loidhne gu h-àraid. Tha an dreach seo dheth (gu h-ìosal) stèidhichte air an leughadh agamsa de làmh-sgrìobhainn Mhgr Eachainn agus na shaoileas mise a bh'anns an duanaig air a chuir an Gàidhlig "àbhaisteach" Albannach seach "Chlasaigeach" (seall PT 3, dealbh 2, agus PT 1, àir. 14):

Soraidh leat Choinnich Òig
 bho a thrèigeas do charaid
 B' [? ionmhuinn mo mbiann mo bheatha
 Bhios tu fo dhìblidh gun lèighe ?]
 A bharaill ud a bhith ann,
 a Mhic Chailein nan Gorm-lann,
 Bidh leat mo lann air mo chneas
 agus a sgrìobhas le peann do sheanchas
 A-nis bhon a tha mise [? àrsaidh, glas,]
 [a mhic Flaith na brugh sbòlas ?]
 A Mhic Choinnich is mòr brìgh,
 fàgam agad-sa soraidh

Ged a tha leughadh chuid dhan dàn sin mì-chinnteach, tha a' chuid as motha dheth soilleir gu leòr. Bha Cailean Càrn 'nan gorm-lann' na cheannard air a' chinneadh eadar 1569 agus 1594 agus lean a mhac, Coinneach Òg, e eadar 1594 agus 1611.¹⁸ Tha luaidh air a' phears-eaglais a sgrìobh seo ann an cuideachd cheannardan Chlann MhicChoinnich cho tràth ri 1567 is luaidh air an uair sin mar "William M'ayne Dow McQueyne, parson of Assynt," agus bha e fhathast an sin gu 1578; agus tha luaidh air anns na 1590an mar sheumarlan do Mhac an Tòisich ann am Peitidh.¹⁹ Tha iomradh air parson "MacQueen" le ciad ainm "Dòmhnall" seach Uilleam anns

an aon tùs eile a th' ann dhan sgeulachd seo, LS Mhgr Eachainn, ach tha fuasgladh ann airson sin cuideachd, oir tha iomradh air fear air an robh “Domhnall MacQueyne,” (fl. 1606-1623) a bha is dòcha an càirdeas do dh' Uilleam, faisg air an aon àm anns an Àrd Mheadhanach (an t-Eilean Dubh). Ach ged a tha eas-aonta beag eadar an dà thùs mu ainm an fhir a sgrìobh “a' chiad” eachdraidh agus an dàn seo, tha e soilleir gur e an aona dhuine air a bheil iad a' toirt luaidh. Is e sin “McQueyne,” neo Mgr Uilleam MacCuinn à Srath Narann, is dòcha Coire Bhruaich, a sgrìobh eachdraidh do Chlann Choinnich uaireigin eadar c.1580 agus c.1611.²⁰

Ach ged a tha mise air dearbhadh an seo is ann an àite eile gur e saoghal litreachais Scotach / Beurla anns an robh Clann Choinnich agus Mgr MacCuinn beò, feumar a bhith mothachail cuideachd gu robh fios aca mu thraidisean na Gàidhlig Clasaigich.²¹ Tha coltas ann gu bheil beagan de bhuaidh meadrachd a chithear gu math tric ann an Gàidhlig Chlasaigeach, deibhidhe, agus, is dòcha, bàrdachd lideachail air an dàn “Soraidh leat a Choinnich Òig” (gu h-àrd agus is dòcha ann an dàn PT 1.7 cuideachd).²² Cha ghabh cus a ràdha mura seo leis nach eil cus chinnt ann mu na facail Gàidhlig mar a tha iad againn, ach dìreach gur e coltas Gàidhlig na h-Alba, seach a' Ghàidhlig Chlasaigeach a th' air mar a chì mise.²³ Ach ged is ann an Gàidhlig na h-Alba a tha na caoban Gàidhlig, le cruth Scotach/Beurla air a' mhodh-sgrìobhainn, bha na daoine seo eòlach air luchd-cleachdaidh na Gàidhlig Clasaigich agus mothachail gu robh Gàidhlig Chlasaigeach ann ged nach robh iad idir rithe.

Tha fios gu robh bàird (ge b'è cò) a' tadhal air Cailean Càrn oir tha na cunntasan-oighreachd aige againn o 1569, agus tha iomradh an sin gun tug an t-oifigear aige “Jhone Dow McFerchir” (Iain Dubh mac Fhearchair) sia notaichean do “thua bards that come to the la[i]rd” (dà bhàrd a thadhail air a' cheann-cinnidh) fhads a bha Cailean an Cinntàile.²⁴ Chan eil fhios idir cò na bàird a bha ann an sin neo cò às a thàinig iad, ach gabhaidh suidheachadh eile far an robh Cailean Càrn a' suathadh ri saoghal luchd na Gàidhlig Clasaigich a dhèanamh follaiseach cuideachd. Ann an 1569 chaith Cailean Fèill Mhicheil (29 Sultain) ann an Cinntàile, is dòcha an Caisteal Eilean Dhonnain agus Iain Mùideartach (†1574), ceannard Chlann Raghnaill a' cèilidh air an sin.²⁵ Chan eil iomradh air a' chèilidh seo ann an “compt” (chunntas bhliadhna) oighreachd Chailein, ach dìreach gun deach deich chaoraich a spadadh nuair a bha “Jhone Modiltort” (am Mùideartach) a' tadhal—comharra gu robh hò-ro gheallaidh a' dol—agus cha bhiodh e idir mì-choltach gum biodh bàrd “clasaigeach”—is dòcha MacMhuirich air choireigin—cuide ri Iain Mùideartach ann an Cinntàile.²⁶ Ged nach gabh a ràdha le cinnt gu robh Mgr MacCuinn, a sgrìobh “Soraidh leat Choinnich Òig...” an làthair nuair a thàinig am Mùideartach a thadhail, tha e soilleir gu robh e ann an cuideachd ceannard MhicChoinnich air uairean, agus

co-dhiù gun fhaodadh gu robh eòlas aige (agus càch an oighreachd Mhic-Choinnich) air leithid de bhàrd is de bhàrdachd “chlasaigeach.”

Ach ged a bhiodh fios aca mun Ghàidhlig Chlasaigich agus na modhan sgrìobhaidh na lùib, cha robh MacCuinn, is càch co-cheangailte ri Clann Choinnich (coltach ris a’ mhòrchuid de Ghaidheil na h-Alba is dòcha), a’ cleachdadh nam modhan sgrìobhaidh Èireannach / Clasaigeach seo idir. Agus, chan eil e soilleir gu robh Gàidhlig Chlasaigeach idir bitheanta an Alba aig àm sam bith ach ann an Earraghaidheil is na h-Eileanan an Iar a-mhàin.²⁷ Tha seo soilleir cuideachd nuair a thachair buill de Chlann Choinnich ri fear dhen ainm “Fergus Mackenzie” o thraidisean an fhoghlaim Chlaisigich a bha na sheanchaidh do chloinn Mhic’Ill’Eathain ann an Dubh-àird, ann am Muile uaireigin timcheall air a’ bhliadhna 1602 gun deach iad às àicheadh na h-eachdraidh aige a thaobh sloinntearachd.²⁸ Bha seann làmh-sgrìobhainn de shloinntearachdan “traidiseanta” aig “Fergus” seo, is math dh’ fhaodte anns a’ Ghàidhlig Chlasaigich. Ach cha robh buill de Chlann Choinnich idir ga chreidsinn no a’ cur earbsa ann, oir bha eas-aonta eadar sin agus na sgeulachdan aca fhèin mu thùsanach a’ chinnidh, Normanach à Èirinn len ainm Cailean Fitzgerald (tuilleadh mu dheidhinn-sa gu h-ìosal). Bha Fearghas a ràdha gun deidheadh aige air sloinntearachd a h-uile duine a thoirt air ais gu Adhamh nan deidheadh ainmean nan sia ginealach mu dheireadh de thùsanaich a shiubhal a thoirt dha, agus, nach b’ ann do Normanaich a bhuineadh sinnsearachd Chloinn Choinnich ach do sheann rìghrean Èirinn.²⁹ Tha e soilleir gu robh buill a’ chinnidh a’ cur an cùlaibh air na sloinntearachdan on traidisean Chlasaigich agus a’ cur làn earbsa ann an eachdraidh ‘Rory begg sone to Rorie More’ (agus eachdraidh MhicCuinn/’Macqueen’).³⁰

Lean mise a bheachd a bh’ aig MacMhathain agus Munro a-roimhe nam thràchdas PhD: sin gum b’ e Mgr MacCuinn seo a sgrìobh an dreach tùsail de dh’ eachdraidh Chlann Choinnich.³¹ Ach tha mi air eachdraidh “Mr Hector” no Mgr Eachann MacChoinnich (c.1645-1719) a leughadh on uair sin agus tha e soilleir, saoilidh mise bhon an seo, gu robh dreach fiù nas tràithe ann dhen eachdraidh.³² Thug Mgr Eachann (1710) iomradh air na h-eagraidhean eile de na làmh-sgrìobhainnean eachdraidheil, ach is ann aigesan a bha an dreach tùsail a bu tràithe ri làimh a-rèir coltais nuair a bha e fhèin a’ sgrìobhadh eachdraidh a’ chinnidh:

...to the standeing and glory of the noble family and surname of Mackenzies and with the help of ane small manuscripts of the foresaid pourpose composed by his great grandfather one the mother side called Rorie Makenzie ignamed beg son to Rorie moir of Achaluinachan or Farburn as afterwards shall be mentioned and who lived in the dayes of Kenick ni Cuirk and Coline Cam his sone the eleventh and Twelth barron Lords of Kintail in which manuscript the author learned that when evir the Mackenzies came to be

civilized in any learning such as were had great delight to show to there succession by there own names in writing which is the only sufficient eart for the preservation of history....³³

Tha seo a' sealltainn a' bheachd a bh' aig a' mhinistear mu luach sgrìobhainnean an coimeas ri beul-aithris ann a bhith a' cumail rian dhòigheil air eachdraidh. Cha robh idir an aon earbsa aige ann an "traidisean" as aonais làmh-sgrìobhainn gus a bhith a' glèidheadh fios phongail mu "eachdraidh" sa bh' aig aon de na comh-aoisean aige Alasdair Caimbeul a sgrìobh eachdraidh Chaimbeulaich Chraiginis.³⁴ Tha e soilleir cuideachd gu robh làmh-sgrìobhainn Ruairidh Bhig (fl. 1530-1590) aig Mgr Eachann nuair a sgrìobh esan a chuid eachdraidh ann an 1710.³⁵ B' e mac "diolainte" do Ruairidh Mhòr, "of Achaluinachan or Farburn," neo ciad Fhear Aicheallaidh (c.1480-c.1533), fear a bha gu math càirdeil ri Seumas V Rìgh na h-Alba, a bh' ann an Ruairidh Beag (fl. c.1530 x c.1590). Mar seo bha Ruairidh Beag, mac do Ruairidh Mhòr, na ogha do Choinneach a' Bhlàir, an ceann-cinnidh a chaochail ann an 1491, agus b' e bràthair-athar dha a bh' ann an Iain Chillfhinn, fear Chinntàile, ceannard a' chinnidh, c.1501-1561. (Seall air PT 5) Tha e na shamhla air a' chàirdeas seo a bh' aig athair, Ruairidh Mòr Fear Aicheallaidh, is a bhràthair Murchadh, ciad Fhear Farabhraoin, a bh' aig a' chùirt-rìoghail, c.1529-1542, ri Seumas V, gun d' fhuair Ruairidh Beag fhèin is a bhràithrean litrichean on rìgh gan dèanamh "dligheach" is a' cur às dhan inbhe "diolainte" seo ann an 1541/2.³⁶ Le seo tha e soilleir gu robh tusan fiosrachaidh co-thimeil sgrìobhte aig Mgr Eachann (1710) a bhuineadh dhan àm eadar 1541 agus 1594, oir bha Eachann a' mineachadh gun deach eachdraidh Ruairidh Bhig a chur ri chèile rè àm cheannas Choinnich na Cuilc, fear Chinntàile (1561-9), agus rè àm ceannas Chailein Càim, fear Chinntàile (1569-1594).³⁷ Bha Mgr Eachann (1711) an uairsin ag ainmeachadh Mgr MacCuinn (Macqueen) mar an ath fhear-eachdraidh a bh' aig a' chinnidh an dèidh Ruairidh Bhig mu dheireadh na siathamh linn deug. Tha am fiosrachadh seo a bh' aig Mgr Eachann a' tarraing àm cruthachaidh sgeulachdan eachdraidh Chlann Choinnich nas fhaide air ais o fhìor dheireadh na linn, mu 1594-1611, gu teis-meadhan na siathamh linn deug.

Tha puing bheag neo dhà eile ann a bheir taic dhan linn seo, meadhan an t-siathamh linn deug, mar an t-àm [nuair] a chaidh na sgrìobhainnean a chruthachadh an toiseach. A rèir eachdraidhean Chlann Choinnich b' e fear Cailean Fitzgerald, fògarrach Normanach à Èirinn, a stèidhich Clann Choinnich anns an 13mh linn. Shàbhail Cailean Fitzgerald an rìgh (Alasdair III is dòcha) o dhochann-dhàimh nuair a bha iad a' sealg fhèidh agus bhuilich an rìgh, mas fhìor, baranachd Eilean Dhonnain air. Tha sgoileirean air a bhith ag ràdh bhon naoidheamh linn deug gur e ficsean a bh' anns an sgeulachd.³⁸ Bha e na fhasan do fhineachan, is dòcha bho riamh, agus gu h-àraid mu mheadhan na siathamh linn deug, a bhith "cruthachail" len cuid sloinntearachd agus cha b' e rud a bha "fìrinneach" a bu chudromaiche,

is dòcha, ach dè cho iomchaidh is a bha seo aig an àm do chùis na fine.³⁹ Ach *bha* buidhnean de theaghlach Fitzgerald a' frithealadh cùirt rìgh ann an Alba—cha b'ann, cho fad is aithne dhuinn, anns na 1260an ach a' tadhal air Seumas V fad nan 1530an. Agus, *tha* clàraidhean-sgrìobhte againn a dhearbhas gu robh buill de Chlann Choinnich ann an seirbhis aig cùirt an rìgh aig an aon àm, buill de theaghlach MhicChoinnich Farabhraoin (sinnsirean Mhgr Eachainn is dòcha) nam measg.⁴⁰

Tha sin a' fàgail gu robh buill dhen chinneadh, Clann Choinnich, a' frithealadh na cùirte aig an robh leithid de dhaoine, "Fitzgeralds" à Èirinn, anns na 1530an is Clann Choinnich, ceannarcaich o shean, ach, a bha anis mar bhuidheann "ùr-dhìlseach" do na rìghrean Stiùbhartach ann an sin cuideachd.⁴¹ Is cinnteach nach e turchart a th'ann gu robh "Fitzgeralds" mun cuairt aig a' chùirt mun aon àm agus a bha "Ruairidh Beag" agus a theaghlach, am fear a sgrìobh ciad eachdraidh de Chlann Choinnich. Seo eachdraidh a tha a-mach air dilseachd dha[n] na rìghrean Stiùbhartach, agus a tha a' moladh Fitzgerald, Normanach, mar thùsanach do Chlann Choinnich (mar a bh'aig nan rìghrean Stiùbhartach fhèin) seach Èireanach mar a bha aig na Dòmhnallaich agus cuid de chinnidhean eile.⁴² Bha Clann Choinnich (coltach ri na Caimbeulaich) ri seo, theirinn-sa, gus iad fhèin a dhèanamh an àirde ris na rìghrean Stiùbhartach is na h-uaislean Gallda eile.⁴³ Cha ghabh seo a dhearbhadh le "cinnt," ach cha shaoilinn gur e tuiteamas a th'ann gun gabh na ceistean agus ceanglaichean leithid seo a thogail agus tha e duilich co-theacs nas fhreagarraiche airson cruthachadh nan sgeulachdan "Fitzgerald" seo anns na h-eachdraidhean a lorg roimhe seo no às a dhèidh.

Roghadh is Taghadh an Luchd-sgrìobhaidh

Dh'fhaodadh gun gabhadh ceistean a thogail mun chainnt cuideachd, oir ro 1603 is e *Scots* an cànan a bha na h-uaislean a' sgrìobhadh is a' leughadh air feadh Alba agus air a' Ghaidhealtachd mar chainnt làitheil. Ach an dèidh 1603, thòisich cruth a' chànain *Scotaich* sgrìobhte air fàs na bu choltaiche ris a' Bheurla Shasannaich mean air mhean agus bha seo ri fhaicinn air a' Ghaidhealtachd cuideachd.⁴⁴ Am faodadh gu robh seo ga fhàgail gu robh e beagan doirbh do dhaoine leithid Mgr Iain MacRath (†1704) agus Mgr Eachann MacCoinnich (†1719), a bha eòlach air Beurla a sgrìobhadh, a bhith ri leughadh seann cheathramhan "duilich" de Ghàidhlig ann an cruth-sgrìobhainn Scotach o linn eile? Chan eil fios mu dheidhinn sin, ach tha e smaoinichail gun do dh'fhàg MacRath an dàn mu "Ailean mac Ruairidh" às uile gu lèir nuair a bha e ag innse na sgeulachd mu dheidhinn (PT 1.5, PT 3 dealbh 1). Tha e soilleir cuideachd gun do dh'fhàg e beàrn airson a' cheathramh Ghàidhlig anns an earrann, agus gun do sgrìobh e am "fuasgladh" Beurla fodha ach nach do sgrìobh e an ceathramh Gàidhlig ann

air adhbhar air choireigin. Rinn e an aon rud leis a' phìos mu "Inbhir Sèile nan Srath Ghlais..." far an do chuir e a' chiad cheithir loidhne dhen òran seo air pàipeir ach dh' fhàg e an dàrna ceathramh às ach le beàrn ann far am faodadh e tilleadh thuige. (PT 1, 8. PT 3, 6)

Le seo, am faodadh nach robh MacRath a' tuigsinn an dà rann seo ro mhath? Mas e sin a bh' ann cha ghabhainn idir ealla ris, oir tha an tionndadh aig Mgr Eachann (PT 1, àir 5) air rann Ghàidhlig cuide ris an rann Bheurla (mu chonas eadar Clann Raghnaill is Clann Choinnich c. 1490)—rud a dh' fhàg Mgr MacRath às—gu math doirbh a leughadh. Seo mar a bha e a' nochdadh am meadhan na sgeulachd Beurla aig Mgr Eachann:

...when Allan MacDonald of Modart heard of the defeat given his freinds at Park⁴⁵ he drew his he[l]bert and shaking it strongly, he swore nevir to cease till he sould exert revenge. The which threats was told to Kenich Vlair and he smilingly answers and says:

W hin shin tue Kin Tenig
Nach Lei Varig dichini
Na di haughs Allan vic Rori
ga moir tais ga müiag

In Scots to this sens.

Tell Allan wee seen Halberts doe fates
More then his can doe for all his threats

After this Kenich Vlair lived at peace with all his nighbours....⁴⁶

Leis nach eil sealladh againne air gin de na làmh-sgrìobhainnean tùsail againn às an robh Mgr Eachann is càch a' tarraing, tha e duilich a bhith cinnteach dè dìreach mar a dh' obraich seo. Ach ma chaidh dàn leithid sin (gu h-àrd) a sgrìobhadh anns an t-siathamh linn deug bho thùs chan eil e a' tighinn thugainn ach tro làmh-sgrìobhainnean a chaidh an cur ri chèile air pàipear aig deireadh an t-seachdamh agus toiseach an ochdamh linn deug (c. 1660-c. 1725). Mar sin, theirinn-sa gun deach ath-sgrìobhadh a dhèanamh air na rannan Gàidhlig a th' anns na pàipearan uile a tha far comhair.

Tha comharra inntinneach eile anns na pìosan Gàidhlig mun àm cruthachaidh, sin gum buin iad uile agus gu bheil iad ceangailte ri sgeulachdan bhon a' chòigeamh agus an t-siathamh linn deug (c. 1430-c. 1595). Ged is ann anns an t-seachdamh is an ochdamh linn deug (c. 1660-c. 1725) a chaidh na dreachan de na làmh-sgrìobhainnean a th' againn an diugh a chur air pàipear, chan eil rannan Gàidhlig idir annta o na linntean sin. Comharra làidir a th' ann an sin, chanainn-sa, gur ann anns an t-siathamh linn deug a chaidh na tha annta a chruthachadh bho thùs agus gun deach na duanagan Gàidhlig a tha ann an seo uile an cruthachadh mu mheadhan an t-siathamh linn deug cuide ris a' chiad eachdraidh aig "Ruairidh Beag mac Ruairidh Mhòir," agus gur e ath-chleachdadh a th' anns na làmh-sgrìobhainnean mar

a tha iad againn an diugh de stuthan nas tràithe. Is dòcha gum faodadh gu robh na sgrìobhaichean a' togail nan caoban Gàidhlig o bheul-aithris, ach nam bitheadh, carson a stad duanagan o bheul-aithris mu na 1590an? Agus ma bha iad gan togail à beul-aithris, carson a dh'fhàg cuid de na sgrìobhaichean beàrnan nuair a bha iad (theirinn-sa) ag ath-sgrìobhadh duanagan Gàidhlig?

Tha e na annas gu ìre nach do tharraing na pàipearan seo mòran aire o sgoilearan gu ruige seo—sin a thaobh nan caoban de Ghàidhlig ann an cuid de na làmh-sgrìobhainnean. Tha ceist eile ann carson a bha Mgr Eachann, Mgr Iain MacRath agus sgrìobhaiche LS “Allangrange,” a' cur nan ceathramhan Gàidhlig seo a-steach an lùib nan sgeulachdan far nach robh càch—daoine mar “Cromartie” (Seòras MacCoinnich, Morair Thairbeirt c. 1680) agus “Applecross” (Iain Molach fear na Comraich c. 1660). Tha e soilleir gu robh Gàidhlig aig na daoine seo agus co dhiù cuid mhath eile dhen fheadhainn a sgrìobh na h-eachdraidhean a tha saor o rannan Gàidhlig—is gu robh iad sin eòlach air na rannan ach nach do chleachd iad idir iad gus cuideachdadh leis an sgeulachd innse (seall PT 2, eagraidhean gun rannan Gàidhlig).⁴⁷ An e nach robh iad a' faicinn gu robh Gàidhlig iomchaidh mar a bha an dà phearsa eaglais agus sgrìobhaiche LS “Allangrange”?⁴⁸ An ann gu robh an dà phearsa eaglais na b' fhaisge air an t-sluagh is cur-seachadan an t-sluaigh leis gu robh iad chan ann ri cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin ach cuideachd a' toirt sgeulachd mu na Fèinn a-steach an lùib na h-eachdraidh? (PT 3, 5)

Is ann anns a' Bheurla a tha an sgeulachd seo mu fhear glèidhidh choin Fionn MhicChumhail cuideachd, agus mar a choinnich e ri Coinneach a' Bhlàir, mas fhìor. Ach tha an dà phearsa-eaglais a' toirt dhuinn chan e an sgeulachd fhèin a-mhàin ach rann de Ghàidhlig na measg:

...When Kenich Vlair [+1491] went home to Kinellan⁴⁹ haweing the bigg man [i.e. 'dog keeper to Ffin MacCouill'] with him, when a grey-hound noticed the big man entring the dore. The grew-hound birsed all up and wold [fli]e at the bigg man at which the man Ffleyed and fell [b]ack, Makenich seeing which, said smileingly:

Mas moir shid a va nein, Berin teriv gim tash
Mar ta I.an Mac Nay techig vo chren choin chlash

To this sense,

Iff the Finerin were such surly then
I may conclude they were not hardy men
But soft and timmorous as thou as found (?)
A ffileeing for fear from a swartling hound

Upon the morow the man was missed and nevir seen thereafter.
This is not fixtion but a true story, for there ar yet one lyfe that saw
and spake with them that saw the horns for Kenich Vlair was so

very weell loved and feared that many men was content to have his favour.... (PT 1, àir. 6, PT 3.5)⁵⁰

An dùil an e ceathramhan de dhàin a bhathar a' filleadh a-steach mar "thaic" dhan sgeulachd a bha seo agus airson, is dòcha, a thoirt beò dhan luchd èisteachd a bha eòlach air na rannan ? Cha ghabh leithid de cheis-tean a fhreagairt, ach is fhiach an togail. Is dòcha gu bheil seo coltach ris a' chunntas a thug Colm Ó Baoill agus Dòmhnall MacAmhlaigh air: "stanzas occurring in prose anecdotes of the type known in Irish as *rannscéal*, i.e. an anecdote whose function is to explain the origin of a stanza."

Thog Colm agus Dòmhnall eisimpleirean de rannan a mhìneachadh a' phuig seo far am faicear faisg air an aon sheòrsa phàtrain ann an sgeulachdan. Sin sgeulachdan is dàin o thaobh siar dùthaich Chlann Choinnich a rinn Iain Moireasdan am Bràgair (c. 1630-1708), athair a' Chlàrsair Daill, far an robh luinneagan beaga eirmseach an cois nan sgeulachdan aige (ged a b'ann am beul-aithris a thàinig iad seo sìos thugainn seach làmh-sgrìobhainn co-thimeil).⁵¹

Ach saoilidh mi co dhiù gu bheil taic ann dhan bheachd gur e pìosan beaga de dh'òrain neo rannan nas fhaide a tha ri fhaicinn ann an cuid de na criomagan Gàidhlig seo. Tha seo air a shoilleireachadh dhuinn far an do sgrìobh Mgr Eachann "etc." an dèidh a dhà de na rannan air an do rinn e tair-sgrìobhainn, a' comharrachadh gum biodh e an dùil gum biodh fios aige fhèin no an luchd-leughaidh / luchd-èisteachd air a' chòrr dhen òran (PT 1, àir. 11, 13).⁵² Ged nach eil e soilleir gur e òrain na b' fhaide a bh'ann an cuid eile de na duanagan, seach seòrsa de "rannscéala," tha e follaiseach gu robh sgrìobhaichean eile eòlach air na rannan a bha an cois phìosan de na sgeulachdan, ach nach tug iad idir a-steach iad dha na teacsaichean aca. Mar eisimpleir, bha Fear na Comraich (c. 1660) gu math eòlach air an duanag Ghàidhlig a bha an cois sgeulachd mun chonas eadar Iain Fear òg Chinntàile agus Eachann Ruadh Fear Gheàrrloch (c. 1501 x 1508), is Eachann a' feuchainn ri cas a' mhaide a chumail ri Iain, mac a bhràthar.⁵³

His uncle said in Irish that he had made a verse
 meaning. The Emmet said to ye Bee and they sitting at the stoack
 qr thow hast made thy summer home let it keep thee a winter lodg-
 ing....⁵⁴

Seo mar dhòigh aige, is dòcha, a ràdha ris gu robh Iain (mar an t-seillean) air taghadh a dhèanamh is gun fheumadh e an roghainn sin a-nis a leantainn. Ged a bha iomradh aig Fear na Comraich ("Applecross") air "said in Irish" an cois an sgeulachd seo, cha tug e idir luaidh air an rann Gàidhlig seo ged a bha an sgeulachd aige sa Bheurla. Ach tha sinn fortanach gun tug aon sgrìobhaiche, an neach a sgrìobh an Allangrange MS, luaidh air an seo (PT 1, àir. 10) a ghabhas (is dòcha) a thuigsinn ann an Gàidhlig àbhaisteach leis na h-uiread de dh'earbsa mar: "Thuirt an seangan ris an seillean is i na

suidhe aig bonn an stuic, far an do rinn thu do mhil shamhraidh bidh e na thaigh geamhraidh dhuit” (PT 1, 10).⁵⁵

Bha duanag eile an cois na sgeulachd mun aimhreit a bha eadar Sliochd Gheàrrloch agus Sliochd Chinntàile rè na siathamh linn deug, agus co-cheangailte ris a’ mhurt a chaidh a dhèanamh air Iain Glasraich, ceannard Gheàrrloch, le Coinneach na Cuilc, mac Fear Chinntàile mu 1551.⁵⁶ Tha seo (PT 1, 12) aig LS *Allangrange* – dàn nach eil ri fhaighinn ann an tionndadh eile de na h-eachdraidhean. Bha e ri ràdha gun do chuir Coinneach na Cuilc “John Glassrigh Mc Echin” (Iain mac Eachainn Ruaidh, fear Gheàrrloch) an grèim agus:

...sent him prisoner to Islandonan where it was said that he was
poisoned by the Constable’s lady, whereupon an certain female foster
sister of his made the following rhyme—whether true or not I am
not to justifie

Gire Dire i chainnich mi dhihit
Hügg Nÿn Evir di Mc zeachin
zhirrids si vihin de zilogg
Di chroich qugerrie sad i rahier

This Nin Evir was spouse to John McUrchie Duy priest of Kintail
who was preferred to be constable of Islandonnan a great debate hav-
ing arisen between the McRaes and MacLennans....⁵⁷

Is dòcha gur e “Gur daor a cheannaich mi an diathad / a thug nighean Ìomhair do Mhac Eachainn...” a th’anns a’ chiad dà shreath. Ach tha an còrr dhen rann seo gu math duilich a thuigsinn—an dùil an e sin as adhbhar nach do thog Mgr Eachann agus Mgr MacRath e dha na sgeulachadan aca fhèin? Neo an e nach robh luchd-eachdraidh eile airson àite a thoirt do sgeulachd nach robh cho càileir ri sin—gun do mhurt Coinneach na Cuilc ceannard Sliochd Chinntàile aon de na nàmhaidean (is càirdean) aige mu 1551? Ach ge b’e dè as adhbhar gu robh cùl ga chur air an rann seo, chaidh cùl a chur cuideachd air cuid de rannan eile, far an robh luaidh aig cuid de na h-eachdraidhean leithid “Cromartie” neo “Applecross” air sgeulachdan agus gun dad aca mu na rannan Gàidhlig a bha nan cois mar a tha aig “Mr Hector,” “McRa” agus LS “Allangrange.” Tha e soilleir leis an seo agus an dòigh anns an robh luchd-sgrìobhaidh nan teacsaichean a’ taghadh na chuireadh iad air pàipear gu bheil sinn gu math fortanach gu bheil na ceithir duanagan deug seo air fhàgail againn an diugh. Ged a tha beagan dhanagan Gàidhlig ann an ochd de na làmh-sgrìobhainnean, tha naoidh làmh-sgrìobhainnean deug eile (air an do laigh mo shùil-sa) gun lorg air ceathramhan Gàidhlig idir annta (PT 2).

An Luchd-leughaidh no an Luchd-èisteachd.

Chuir Màrtainn MacGriogair agus David Allan mòran bheachdan air adhart mu carson a chaidh na h-eachdraidhean teaghlaich seo a sgrìobhadh ann an Alba le diofar bhuidhnean. Bha na h-eachdraidhean seo, is dòcha (a-measg tòrr rudan eile), a rèir na h-ùghdairean sin, mar dhòigh air dìon agus dearbhadh còraichean na prìomh shliochd a bhith a' riaghladh (agus sloinntearachd aig cridhe sin); gu robh e na dhòigh eile aig diofar chinidhean a bhith a' strì le fineachan neo buidhnean eile; gu robh e na dhòigh aig fineachan ùra air an inbhe aca a thogail; agus gu robh sloinntearachd eachdraidheil mar seo, is dòcha, luachmhor mar oidhirp air inbhe nan uaislean a dh'ion is iad fo chuideam eaconomaigeach.⁵⁸ Is ann air na h-eachdraidhean a chaidh a sgrìobhadh air a' Ghaidhealtachd a bha Màrtainn a' cuimseachadh agus thog e tòrr phuingean luachmhor a dh' fhosgail tòrr de dhorsan ùra ann a bhith a' beachdachadh mu na làmh-sgrìobhainnean eachdraidh-teaghlaich. Chan eil mise a' dol às àicheadh gin de na beachdan sin, ach lùiginn a dh' aindeoin sin sùil às ùr a thoirt air cùis sgrìobhaidh nan eachdraidhean.

Leis gun deach na leth-bhreacan sgrìobhte de na h-eachdraidhean a sgrìobhadh (na dreachan a th' againn an-diugh), gu ìre mhòr eadar 1660 agus 1720, gabhaidh ceanglaichean a dhèanamh eadar iad seo is an saoghal a bha a' dol aig an àm—eadar ath-thilleadh Theàrlaich II (1660), is toiseach tòiseachaidh strì nan Seumasach (1688-), Aonadh nam Pàrlamaid (1707) is eile. Thog Màrtainn mòran phuingean luachmhor na alt mu na h-adhbharan airson iad seo a sgrìobhadh, ach chan eil rùm an seo airson an deasbad sin a thogail air fad agus bhiodh iad seo uile gam thoirt ro fhada air falbh o amas a' phàipeir seo.⁵⁹ Ach tha mi an dùil togail air aon neo dhà de na puingeann a bh' aig Màrtainn aig a bheil buntanas ri amasan a' phàipeir seo. Is e iad sin mar a bha e a' beachdachadh air an èisteachd a bha aig na h-eachdraidhean seo. Ged a dh'aontaichinn ris a' mhòrchuid de na beachdan a bh' aig Màrtainn (2002), dheidhinn às àicheadh an fhir a leanas a thaobh cànan nan làmh-sgrìobhainnean eachdraidheil: sin gur ann gus an ìomhaigh aca fhèin a thogail fa chomhair nan Gall is nan Sasannach a b'adhbhar gun deach na h-eachdraidhean a sgrìobhadh anns a' Bheurla: “the overwhelming choice of English or Scots-English rather than Gaelic makes sense if the target audience embraced points south...”⁶⁰

Thog Màrtainn MacGriogar fhèin a' phuing (2007) on uairsin gur e a' Bheurla “Scotch” a bha na cainnt làitheil aig na fineachan a thaobh gnòthaichean sgrìobhte tòrr na bu tràithe na bhathar an dùil gu ruige seo.⁶¹ Agus chan eil teagamh gu bheil an fhianais eachdraidheil gu lèir a' sealltainn gu robh Scots is Beurla bitheanta air a' Ghaidhealtachd (a thaobh sgrìobhaidh) agus gu robh Gàidhlig sgrìobhte tearc an coimeas riutha sin.⁶² Chomharraich Màrtainn cuideachd gu robh cultar de sgaoileadh agus leughadh

làmh-sgrìobhainnean “eachdraidheil” is ath-chleachdadh sgeulachdan càch a chèile a’ dol am measg “daoine uaisle” (is ministearan) nam fineachan.⁶³ Le seo, an dùil an ann do na fineachan fhèin a bha an liuthad eachdraidh seo gan cruthachadh airson an leughadh do luchd-èisteachd far am biodh daoine a’ tighinn cruinn còmhla, agus gus am biodh daoine ag èisteachd ris an leughadh seo? Tha fios gu robh cultar làidir ann an roinn eile de Bhreatainn—Sasainn—aig an aon àm ann a bhith a’ leughadh leabhraichean eachdraidh (gu prìobhaideach is gu poblach) airson luchd-èisteachd, agus ged nach eil fianais agam gu robh seo a’ tachairt air a’ Ghaidhealtachd cha bhiodh an leithid de shuidheachadh idir mì-choltach.⁶⁴

Nam b’e is gu robh eachdraidhean Chlann Choinnich air an leughadh airson luchd-èisteachd, bhiodh sin na cho-theacs gu math freagarrach airson nan duanagan Gàidhlig. Mas e is gu robh luchd-èisteachd eòlach air na luinneagan seo, dh’ fhaodadh gum biodh an “etc.” a sgrìobh Mgr Eachann aig deireadh nan ceathramhan a’ ciallachadh gur e criomagan de dh’òrain na b’ fhaide air an robh daoine eòlach a bh’ ann an cuid de na duanagan, neo ceathramh co-cheangailte ris an sgeulachd air an robh an èisteachd eòlach (is dòcha *aide memoire* do sheanchaidhean?). Bhitheadh seo cuideachd a’ freagairt nam pàtran cleachdadh-cainnt a chithear anns an sgìre anns an fharsaingeachd: Beurla sgrìobhte anns a’ mhòrchuid le bloighean beaga de Ghàidhlig eadar corra cheathramh de rann agus iomraidhean air corra fhacal Gàidhlig. Is e pàtran cainnt a th’ann an seo nach biodh idir freagarrach do dh’èisteachd sa cheann a deas. Agus, tha ceist eile ann. Mar a bha iad cho eòlach air a’ Ghàidhlig, ach a’ leughadh anns a’ Bheurla, an dùil am biodh iad a’ dèanamh seòrsa de thaisbeanadh sa Ghàidhlig (neo eadar a’ Bheurla agus a’ Ghàidhlig) a-mach o stuthan Beurla do luchd èisteachd aig nach robh comas leughaidh? ⁶⁵ Is fhiach, is dòcha, a bhith mothachail air na ceistean sin ged nach gabh am freagairt.

Cùis is Adhbhar nan Eachdraidhean – Beachdan is tuilleadh cheistean

Tha fios gu robh sgrìobhaichean ri saothair is iad a’ cruthachadh nan eachdraidhean seo—an dùil carson? Tha iomadh màthair-adhbhar aig Màrtainn MacGriogair mu choinneamh seo agus dh’ fhaodadh gu bheil iad uile ceart gu ìre, ach chan eil rùm agam a dhol am bogadh anns an deasbad sin an seo uile gu lèir. Ach an dùil cuideachd an e “foghlam poileataigeach” a bha seo ga dhealbh le “eachdraidhean oifigeil” gan cruthachadh airson buill de Chlann Choinnich (agus teaghlaichean eile a bha a’ slaodadh riutha)⁶⁶ Cha ghabh seo a ràdh le cinnt. Ach aig àm nuair a b’ ann air an teaghlach agus air an fhine a bha an saoghal ga òrdachadh cha b’e cuspair dìomhain idir a bh’ anns na h-eachdraidhean teaghlaich seo. B’e buidheann a bh’ ann an Clann Choinnich a bha air tòrr mòr fearainn a ghabhail os làimh (ann an Siorrachd Rois is Leòdhas) ann an ùine gu math goirid, 1475-1611. ⁶⁷ Bha

iad cuideachd a' riaghladh tòrr mòr de "dhaoine ùra." ⁶⁸ Tha fios gu robh iad a' feuchainn ri daingneachadh nan ceanglaichean ùra sin le dàimhean pòsaidh is daltachais. ⁶⁹ An e seo dòigh air cur an cuimhne dhaoine gu robh iad an "càirdeas" dhan cheann-cinnidh (ged a b' ann fad às is tro phòsadh neo eile) agus gur e euchdan nan sinnsirean aca-san na h-aon euchdan a bh' aig sinnsirean a' chinn-cinnidh, is gu robh iad uile tro eachdraidh air a bhith "aonaichte," gaisgeil—agus mar seo gum bu chòir dhaibh a bhith dileas agus aonaichte ri ceannardan rè am beò fhèin? ⁷⁰ Bhitheadh seo gu math freagarrach do chinneadh a bha rìoghaileach agus a bha a' taobhadh ri cùis nan Seumasach.

Bha na h-eachdraidhean cinnidh seo cuideachd cudromach, 's math dh' fhaoidte, ann a bhith a' daingneachadh cheanglaichean ri iar-chinnidhean agus an càirdeas a' dol gu math fad a-mach—rud a bh' air a chur an cèill aig na Rothaich is na Caimbeulaich air "craobhsgaoileadh teaghlach" ann an cruth deilbh mòra. ⁷¹ An e oidhirp air togail aonachd am measg fine a bh' anns na h-eachdraidhean-cinnidh seo? Agus ged a b' e cultar sgrìobhaidh Scotach-Beurla a bh' ann an oighreachd Chlann Choinnich, tha e soilleir bho na dàin a th' ann an LS Fheàrnaig (1688) agus air an glèidheadh ann an Làmh-sgrìobhainnean Dhòrnaidh (c. 1860 x 1897) gu robh a' bhàrdachd Ghàidhlig gu math làidir anns na ceàrnaidhean seo. An dùil an robh na duanagan Gàidhlig a tha am measg nan làmh-sgrìobhainnean "eachdraidheil" Beurla seo nan dòigh air eachdraidh "oifigeil" Beurla a' chinnidh a cheangal ris a' bheul-aithris agus ris na sgeulachdan a bha a' dol am measg an t-sluaigh?

Co-dhùnadh

Tha mi air tòrr mòr cheistean a thogail anns a' phàipear seo agus tha cuid aca co-dhiù nach gabh am freagairt aig an ìre seo. Ged is ann dhan t-seachdamh linn deug agus tràth anns an ochdamh linn deug a chaidh na dreachan de làmh-sgrìobhainnean "eachdraidheil" Chlann Choinnich a sgrìobhadh, is dòcha nach ann aig an àm sin fhèin a chaidh na stuthan a tha an lùib nan eachdraidhean a chruthachadh bho thùs. 'S e Ruairidh Beag, mac Ruairidh Mhòir ciad Fhear Aicheallaidh, a sgrìobh a' chiad eachdraidh de Chlann Choinnich, a rèir coltais, mu mheadhan na siathamh linn deug. Tha pìosan de dh' fhianais eile a tha a' cur taic ris an àm cruthachaidh sin cuideachd airson a' phrìomh theacsa. Cha bhiodh e idir mì-choltach gur ann on àm seo a thàinig uirsgeul chruthachaidh "Fitzgerald" Chlann Choinnich gu bith, is dòcha mar phàirt dhan a' chiad eachdraidh sin. Agus, dh' fhaodadh e bhith cuideachd gur e rannan Gàidhlig a chaidh a chruthachadh anns an t-siathamh linn deug a tha cuide ris na sgeòil seo, is cuid dhiubh air an glèidheadh is a' tighinn thugainn tro mheadhan dhreach sgrìobhaichean nas annoiche (c. 1680-1710). Tha na rannan Gàidhlig a tha an lùib nan eachd-

raidhean seo nan criomag bheag de dh'fhianais a tha a' cur taic ris a' bheachd a bh' aig Ruairidh MacThòmais gu robh rannaigheachd an Gàidhlig na h-Albainn (seach ann an Gàidhlig Chlasaigeach a-mhàin) bitheanta anns an t-siathamh linn deug agus is dòcha fiù gu math na bu tràithe.⁷² Tha na h-eachdraidhean nam fianais cuideachd (ma bha feum air) air cho cumanta is lionmhor is a bha sgrìobhadh na Beurla (seach sgrìobhadh na Gàidhlig) am measg fineachan Gaidhealach.

Ged a tha e soilleir gu bheil tòrr mòr de rannsachadh a dhìth air a' chuspair seo, faodar a ràdh gur dòcha, gur ann do dh'èisteachd air taobh a-staigh crìochan oighreachd MhicChoinnich a chaidh na h-eachdraidhean is na sloinntearrachdan seo a chruthachadh. Is e sgrìobhadh air adhbhar a bha seo, agus chan e eachdraidh anns an robh luchd-sgrìobhaidh a' sàs airson "ùidh" a-mhàin (ged a dh' fhaodadh gu robh na h-uiread dhen an sin ann cuideachd). Tha na h-eachdraidhean seo nan dòigh air sealladh fhaighinn air dè a bha daoine—uaisle a' chinnidh a' meas cudromach, agus tha na h-earrannan Gàidhlig a tha an lùib an uilt seo a' toirt boillsgeadh beag de shealladh dhuinn cuideachd air cuid de na pàtranan cànan a bha a' dol air a' Ghaidhealtachd eadar meadhan an t-siathamh linn deug agus fìor thoiseach an ochdamh linn deug.

PT 1 / Pàipear Taic 1 – Earrannan de Ghàidhlig ann an Eachdraidhean Beurla Chloinn Choinnich

Feumar a h-uile gin de na teacsaidhean seo a bhith air an leughadh cuide ris a' cho-theacs Beurla às an tainig iad. Tha beagan treòrachaidh ri fhaighinn an sin, mar as trice, anns a' Bheurla, mu na tha sgrìobhte anns na ceathramhan Gàidhlig. Rinn mi oidhirp dreach abhaisteach a thoirt air na teacsaidhean anns na fo-notaichean ceangailt ris a' chlàr seo. Tha iomraidhean anns a' chollb air an làimh dheis, an dàrna cuid air eachdraidh Chlann Choinnich (1894), neo tùs air choireigin eile a tha iomchuidh dhaj[n] na teacsaidhean seo.

<p>Mr. Hector, 1710. Mitchell Library (chan eil àireamhan air na duilleagan san LS seo – is iad seo na h-àireamhan-duilleig agamsa)</p>	<p>Allarrange MS (17mh linn?) – (tair-sgrìobhainn bho 1849). BL Add. MS 40721</p>	<p>Allarrange MS Mitchell Library MS 591703 (dreach tùsail on 17mh linn ?)</p>	<p>Mr. John McRa (Ardentoul MS) c. 1678 BL Add MS. 40721</p>	<p>Alexander MacKenzie, History and Genealogy of the Mackenzies (1894)</p>
<p>1.</p>	<p>1. (c.1430x1470) fol 57 v (12) Guir iomhuin leum i trìhir Tha tugh eir na haiche Alister ghast guinnigh Fowill phiomoi agus dighin</p>	<p>1. (c.1430x1470) fol 8 & 9 Gerr Ounbyn Leumb i trìhir Ha tughk er ni haighù Allister gast greinigh Servill pleunoil agus Aighin¹</p>	<p>1.</p>	<p>1. Iomradh aig Mackenzie (1894) air “three bastard uncles” (c. 1430- ?) 60, 70-71. Seall cuideachd “Cromartie,” 475 & Applecross, 14. (An aon sgeulachd ach le Beurla a-mhàin)</p>
<p>2.</p>	<p>2. (c. 1480-90) fol 62v (22) Eighe ghìom i Chìlichuddin Bha cudigin gun neim hogain Cha doughre feumh ainte i thachairt Ach boghkin feumb sa vaig-girle</p>	<p>2. (c. 1480-90) Fol. 16 Eighe ghomb i Killichùdin Va cudigin gun remb aggin Cha doghri Luimbaind i choghair Ach boghkin fuimb Tha vaig-girle²</p>	<p>2.</p>	<p>2. Mackenzie (1894) 84-87. Seall cuideachd “Cromartie” 475-76 & “Applecross” 21-22 (Beurla a-mhàin). Seall cuideachd ris an eachdraidh aig “Hugh MacDonald” Highland Papers i, 43, far a bheil dàn gu math coltach ri seo an teismheadhan sgeulachd.</p>

<p>Mr. Hector, 1710. Mitchell MS</p>	<p>Allangrange MS 1849 BL Add. MS 40721</p>	<p>Allangrange MS (17mh linn) Mitchell MS 591703</p>	<p>Mr. John McRa (Ardentoul MS) c. 1678 BL Add MS. 40721</p>	<p>Alexander MacKenzie, History and Genealogy of the Mackenzies (1894)</p>
<p>3.</p>	<p>3.</p>	<p>3.</p>	<p>3.</p>	<p>3. Còmhraidh eadar Donnchadh mòr na Tuaigne (MacRath) & Eachann Ruadh Ghearrlach, (c. 1490), aig Blàr na Pàirce. D. Mar a faigh mi miabh [miadh ?] duine cha dèan mi gnìomh duine... R Dèansa gnìomh duine 's gheibh thu miabh dhuine... D. Buille mhòr bho chùl mo làimhe, 's ceum leatha, am fear nach teicheadh romham, teicheadh roimhe... D. Mar a faigh mi ach miabh aon dhuine cha dèan mi ach gnìomh aon dhuine... D. Am fear nach biodh a' cunntadh rium cha bhithinn a' cunntadh ris... Mackenzie (1894) 94 (à Beul-aithris?). Seall cuideachd ri an Celtic Magazine ii, 432, agus ris a' Bheurla aig "Àp-piecross," 23-4 "Cromartie," 479-80.</p>

4	4	4	4	4 Abairt aig “Caillach na Maigh” (c.1490) “O ghaolaich, is aon ath an Amhuinn, Ged a tha i dubh chan eil I domhainn.” Mackenzie (1894) 100. Seall cuideachd, airson coimeas, ri sgeulachdan (am Beurla) aig “Applecross,” 24, agus “Cromartie,” 480.
5	5	5	5	5. Iomradh aig MacCoinnich (1894) air seo ann an sgeulachd (c. 1490) ach ann an Beurla a-mhàin Mackenzie (1894) 75-76.
6	6	6	6	6. Mas moir shid a va nein Berin teriv gim tash mar ta I an mac Nay techig ro chren choin chlash ⁴
				6. (c. 1490 ?) Fol. 13 ^v (20) Mas an muir suid bha Nean Berims derve g'm'taish Mar ta Iyan Mac Nay Techig ro ghread Choinn Ghlaish

<p>Mr. Hector, 1710. Mitchell MS</p>	<p>Allangrange MS 1849 BL Add. MS 40721</p>	<p>Allangrange MS (17mh linn) Mitchell MS 591703</p>	<p>Mr. John McRa (Ardentoul MS) c. 1678 BL Add MS. 40721</p>	<p>Alexander MacKenzie, History and Genealogy of the Mackenzies (1894)</p>
<p>7. (c. 1490-1500?) [fol. 28v] Oill lium tfaighen chind, chleachk mi vi and chomin gin deargh er di-ghroigh naroch mi chreach smi gin com- panich⁵</p>	<p>7. (c. 1490-1500?) fol 67v Oich leum taigkin a chein Gin di chiddri i cummynd Gin draigh er di-ghriomh narich Mi chraigh sine gun choim- panich</p>	<p>7. (c. 1490-1500?) Fol. 21 Och luimb tay keint chuind- gin di Chaidri i Commynd Gin draigh uir ghroigh nar- rich Mi Chraigh smi cun Choup- manach</p>	<p>7. (c. 1490-1500?) fol 14v Oillum taikin 'Chine Cleachk mi bhi an d'chomin Gin dreach er d' ghroigh narach Mi chreach v mi gin Chom- panach</p>	<p>7. Mackenzie (1894) 109-112. (Bha an sgeulachd seo aig Alasdair MacCoinnich ach cha robh guth mun dan. Seall cuideachd, Watson, 'Bàrdachd Albannach,' 96.)</p>
<p>8. [fol. 30r] (c. 1497-1508) Invershell na Stra ghlaish Tar as ffer ell ga fifth Neanag ga coal cass bi lean- nan eik gin nish Ma farin chulerich chlaish vrishin lurg fo mi liss Si tuin ga moir hesh ha he s. neich fo mi chriss⁶</p>	<p>8. Fol. 71 (39) (c. 1497-1508) Innersell ni Stran glaish Tair ase ffer vill ga trish Nainag ga kyle i cash Tha lainan aiche gin rish I tyn ga moire i hess Tha ea fi nehis fo mi chris No tair lin guil brugh glasse Bherrimh uirchur dhi lea bhois.</p>	<p>8. Fol. 26 (c. 1497-1508) Inershell ni Stranglase Tair ase ffer eill ga torsh Nainag ga kyle occasse Tha Leiman aick gin nish Thyn ga morre i hesse Tha in fi m kis fo mi chrise No tair lin Guilbrigh ghlase Verrin urchir yi Lea tlyss</p>	<p>8. fol 15r (23) (c. 1497-1508) Innersheal na strave glaish Tair asse 's ffer eil ga tisse (trise ?) Neannag ca kiel e' kass bi leannan atk c'niss</p>	<p>8. Mackenzie (1894) 125 (cf. 'Cromartie' 472). Inversheala na Struth Bras Tar as, ffer foill gad fhei- theamh Nineag ga caol a cas Tha leannan aice gun fhios A' tig'hinn gam fhaire a shios Tha i gun fhios fo mo chrios Tha 'n sàr lann ghuilbheach ghas Bheirinn urchair dha le fios</p>

<p>9. [fol. 31v] (c. 1498 ?)</p> <p>Eachin le beaught fichind ferr Agus us le't ought Keid Se's MacRae varhu na doan Er Cull baish Knock Farvill⁷</p>	<p>9.</p> <p>10. (c.1500-1511) fol. 68v (34) Huirid i shaiggan rish i Teillan Stad no sigh aig bun i stuick Foir i dreind u di veil hauri By eah no hoich ghauri zhuitt</p> <p>11. (1539) fol. 73v (44)</p> <p>Dhonochy mhic Gillichrist mhic Eulay Mhor i leighk huit lea tyn lann Oir is iero mhic righ Fhaun gheall Thuit ibh lea trom err neunaig</p>	<p>9.</p> <p>10. (c.1500-1511) fol. 22 Thuir i shaiggan rish i Tyllan Thad no sÿh eg bun i stüick Thoir i drein u di veil hauri By ne Teigh ghauri zhuitt⁸</p> <p>11. (1539) Fol. 30</p> <p>Gonochi vic illi Christ ic Enlay Moir i torght huit lea tÿn laug Oi is Eiro vic Ri Funghaill Huitimb Lea bram err i niun vÿk</p>	<p>9. fol 17v (28) (c. 1498 ?)</p> <p>Eachin le'seackh fichid ferr Agus us le t' oughk keid S e MacRa i mharve na Doanie Er baish Knockfarrell</p> <p>10.</p> <p>11. (1539) fol. 19v (32)</p> <p>Dhounchie Vic Gillichrist vic Finlay Smoir beid huit le t'oan laive O's iero Mac Righ Finghaill Hutum le bramag 'n fluin vig</p>	<p>9. Mackenzie (1894: 118) à tarraing seo à LS "Ardintoul" "Eachainn le sheachd fichend fear, Agus thusa le d' ochd ciad, Se MacRath a mharbh na daoine Air Baothais Cnoc Faireal." Bha Mackenzie (1894: 118) a' tarraing seo às an "Ardintoul MS")</p> <p>10.</p> <p>11. Mackenzie (1894) 137, à o LS "Letterfean" A Dhonnaichd mhicGill- chriod mhic Fhionnlaigh 's mòr am beud a thuit le d' aon làmh Ogha is iar ogha Mhic Righ Fhinghaill Thuiteam le bramag an aon mhic</p>
<p>10.</p>				
<p>11. (1539) [fol. 32r]</p> <p>Donchni vic Gilchrist vic Finlay, is moir beid huit le don laive o, is ero vic Ri Finchall, huitim le mac bramag ninvig etc.⁹</p>				

<p>Mr. Hector, 1710. Mitchell MS</p>	<p>Allangrange MS 1849 BL Add. MS 40721</p>	<p>Allangrange MS (17mh linn) Mitchell MS 591703</p>	<p>Mr. John McRa (Ardentoul MS) c. 1678 BL Add MS. 40721</p>	<p>Alexander MacKenzie, History and Genealogy of the Mackenzies (1894)</p>
<p>12.</p>	<p>12. (c. 1550) fol. 74v (46) Gur diri chainnich mi dhìth Thug rye Evir di mac Yeachin Yhìrriid si bhaibh (bhaillì ?) di Yilleag Di through gueyrta fad i rauchur</p>	<p>12. (c. 1550) fol. 31 Gire Dire i chainnich mi dhìth Hugg Nÿn Evir di Mcgeachin 3hìrriid si vihin de 3ìlogg Di chroich qugerrie sad i rahier¹⁰</p>	<p>12.</p>	<p>12. Iomradh an seo aig “MacKenzie” (1894) air an sgeulachd (c. 1550) ach ann am Beurla a-mhàin. “ane certaine female foster sister of his composed a Gaelic rhyme to commemorate him” Mackenzie (1894) 147-8; 401. “Applecross,” 83.</p>
<p>13. [fol. 30r] c.1595-96</p> <p>Olk fuoir me tuis nerrich sni feall Brìds cha harrim chail mi mo thruir brarin gell tawe ri tawe shillig fall she chag mo chri go crotich fer beg dut chlay ladir mac Finlay dui e Kintail, derg mherlich na nech s na nagach etc.,¹¹</p>	<p>13. fol. 76v (50) c.1595-96</p> <p>Solk i foughre mi tuise i nair- rich Si neil brihids chaiharrin Dhaig ead my hruire bhara gail Sine ri tuith shill fail Sho i deore reyn mi harrnuch Fer begg du chlai saidhir Smack eulay duy a ther tate Deirg bhairhgh ni nach 's naighich</p>	<p>13. fol. 35 (c.1595-96)</p> <p>Sol i fòure mi tuise i Nairrich Sin Neile Br hid chay harrin Ghaigh ead mi hruire vrhru gail Tine r atiwè shilly falle Sho i doose reyne mi haise Fer begg duy chlas laidhir Smateck Eulay Duy a Kintail Daing vaitligh ni naigh s hin aigh</p>	<p>13. fol. 25r-25v (43-44) c. 1595-96</p> <p>'S olk fuoir mi tuis 'n earrich 'S n feal brìds' cha harrim Chail mi m' thruir Bhrarin gseall Toave ri toave shille falle She ghaig mi chri gu cratach Feir beg dow Chlay ladir 'S mack Finlay Dhui a Kintail Dearg Mheartlach na Neach 's na Naigach</p>	<p>13. Mackenzie (1894) t.d. 181</p> <p>Is olc a fhuair mi tus an Ear- raich 'S na Feill bride a chaidh thairis Chail mi mo thruir bhàithrean geala Taobh ri taobh a' sìleadh fala Se 'n dithis a rinn mo sharach' Fear beag dubh a' Chlaid- heamh làidir 's mac Fhionnla Dhuibh a Cinntàile Deadh mhheartlach nan each is nan aigeach</p>

<p>14. (c. 1594–1611) [fol. 4v] Sorri let Khenich Oig, Vona thregis do charroid/ Bin - vin de mo vin mo bhea vi - stu fo debli oun leigh/ Ah varrall -od vi an m vick Challain ni gorm land/ Bi let mo land er mi chris & scribis le pen di henchis Ah nish vo tams arsie ghas vic fla na Brough holas m vic KHENICH is mor bri fagim agits sorri¹²</p>	<p>14.</p>	<p>14.</p>	<p>14. (c. 1594–1611) Fol. 3 Sorie let Kenick oig voner thregis do charaid/ Brithinn d'mhian to m'Koah gin khi fo dhiikli gan taugh/ Achlar el dkrí an mich Khallen na gorm land/ 'S leatt m'land or m'chniss & scribis le penn d'sheanchis Oeh nish n t am vis tue glass mhich flahna brugh holdeas Mhic Kennich is more brigh fagom asite sorie</p>
--	------------	------------	---

Notaichean airson clár Páipear taic 1

1. [? Gur h-ionmhain leam an triúir / tha a' teachd air na h-eichibh (?) / Alasdair gasda gréigheach / Somhairle fiar-shúil is Eachann. (?) ?]
2. Oidheche dhomh an Cuil a' Chudainn / bha cuid againn gun rum againn / [?Cha d' fhuairleadh (?) / Ach ?]
3. Chan eil seo ro shoilleir. [? *Thugh an sin is tu gun tàinig, nach leatha a bhreidh an dè-cheannads, ge b' è chanas Ailean mhic Ruairidh, gu mòr is tais a' moidheadh?*] Tha Mgr Eachann a' toirt fuasgladh am Beurla: "In Scots to this sens—Tell Allan wee seen Halberts doe fates, More then his can doe for all his threats." Tha a' Bheurla seo aig LSn Allangrange agus an LS Ardentoul cuideachd, ach cha deach na loidhnichean Gàidhlig a sgrìobhadh anns na LSn sin cuide ris a' Bheurla.
4. Mas ann mar siud a bha an Fhèinne / Bheirinn dearbh gum bu tais / mar a tha Aodhain (?) mac an Fhèidh (?) / teicheadh ro ghreann choin ghlais. (?)
5. Oic leam d' fhaicinn a chinn / chleachd mi a bhith ann ad chomain / gun dreach air do ghruaigh narach / mo chreach is mi gun companach (?)

6. Tha seo doirbh: Inbhir Sèile nan Srath Ghlais / Tar às, fear fhoill (?) ga feitheamh / Nigheanag gu caol a cas, bidh an leannan aice gun fhios / Mia bheirinn cùl a' chrich clais (?) / bhrisinn lurg fo mo leas (?) / Is duine cho mòr ris cha sheas / _____ fo mo chrìos. (?) Tha na ceithir loidhnichean mu dheireadh aig Mgr Eachann an seo diofraichte on dàrna rann a th aig càch. Am faodadh le sin gu bheil sinn a' faicinn dusan loidhne de dh'òran an seo uile gu leir ?
7. Eachann le sheachd fìchead fear / Agus tusa le'd ochd ceud / Is c MacRath mharbhu na daoine / Air cùlaibh bais Cnoc Farralaidh. Tha tionndadh eile dhan an seo ri fhaicinn ann an lámh-sgrìobhainn le Fear Ghearrloch, "*Eachin le ffeacht fighid boght, is / Morer Rosh le hiaobk keid/ Mac-rae do varroe (?) noe d'nie bar/ Baisb Crock Farveit.*" Tha Cnoc Farralaidh air iomall taobh sear baile Srath Pheofhair. Seo, "A Genealogical Series of the House of Ger-loch (1776)", paisgte am measg leabhnan beag de lámh-sgrìobhainnean: "*A Genealogical Series of the family of Gerloch (1776).*" Chan eil àireamhan air na duilleagan. Chunnac mi seo am measg páipearan Iain MhicChoinnich Fear Ghearrloch, Taigh Chonain. *NRA(S) 0143.* "Unpainted Deed Box: No 41,

Papers on the Genealogy of the Mackenzies of Gairloch." Mo thaing do Fhear Gheàrrloch a leig dhomh na pàipearan seo fhàicinn.

8. "Thuir an seangan ris an seillean is i na suidhe aig bonn an stuic, / far an do rinn thu do mhil shamhraidh bidh e na thaigh gheamhraidh dhuit."

9. "A Dhonnchaidh mhic Gillechrosd mhic Fhionnlaidh/is mòr an bèud a thuit fo d'aon làmh/Ogh' is iar ogh' mhic Rìgh Fhionnghal/ thuiteam le bramag an duine bhiig, etc." Tha an "etc" a' ciallachadh, is dòcha, gu robh pìos nas fhaide ceangailte ris air an robh daoine eòlach ? Seall cuideachd ri "Cromartie" 490, MacPhail, ed., *Highland Papers* i, 216, agus *NLS MS 2133*, fol. 149, Iomraid-hean air seo cuideachd aig Wilson McLeod ann an dà alt, "Rì Innsi Gall, Rì Fionnghall," 37, agus "Anshocair am Fhionnghall," 18.

10. "Gur daor a cheannaich mi an diathad / Thug Nighean Ìomhair do Mhac Eachann / (?) gheàrte (?) sa bhithinn de ghill" òg (?) / Do? "

11. Is ole a fhuair mi tus an Earraich / Is na Fèill Brìghde a chaidh tharam / chail mi mo thriuir bhràithrean geall / taobh ri taobh a' sìleadh fala / Ie e dh' fhàg mo chridhe gu cràiteach / fear beag duibh a' chlaidheamh làidir / mac Fhionnlàigh dhuibh à Cinnntàile / dearg mhearlaich nan each is nan àigeach, etc.' A bheil an 'etc' seo a' ciallachadh gu robh tuilleadh ann dhan dàn seo a th' air a dhol à cuimhne dhaoinne ? 'Is ann air dreach eile dhan LS seo a bha an Urr Gilleasbaig Dòmhnallach à tarraing cuideachd, is dòcha, agus is e seo mar a leugh esan e o LS a tha air chall a-nis. "Solik fuoir mi tuis 'n earraich / 'S n' fheail brid's cha harim / Chail mi m' thriuir bhraihirin geal / taove ri taove shill fail / She ghaig mo chriodh go cratic / Fer beg dow chlay ladir/ 'S mac Finlay duy a Kintail / Dearig mhearlach nan each 's nan naigich." Seo ri fhaighinn, le fuasgadh ann an Gàidhlig abhaisteach air t.d. 195 & 211 anns an alt a bha aig an Urr. A. Dòmhnallach: MacDonald, ed., 'Fragment of a Mackenzie MS' TGS 36, 1931-33, 187-212.

12. 'Soraith leat Choinnich Òig / bho a thrèigean do charaid / B' [?' ion-mhuinn mo mhiann mo bheatha / Bhios tu fo dhìblidh gun leighe ?] / A bharail ud a bhith ann / a Mhic Chailein nan Gorm Lann / Bidh leat mo lann air mo chneas / agus a sgrìobhas le peann do sheanchais / A-nis bhon a tha mise [arsaidh, glas, / a mhic Fìlath na Brugh shòlais ?] / A Mhic Choinnich is mòr brìgh, / fagam agad-sa soraith.'

Pàipear Taic 2. Na Tùsan agus càit a bheil iad ?

Tùsan na LSn - Liosta de LSn a bhuineas do Chlann MhicChoinnich a' leantainn is a' togail air an obair aig Jean Munro (1999: 12-17).

Ainm an LS neo an ùghdar	Càite a bheil e ?	Loidhne Gàidhlig ?
A. 'Ruairidh Beag, mac Ruairidh Mòr'(fl. 1540-60)	Air chall. ¹	?
B. Parson MacQueen (fl. 1560-1600)	Air chall. ²	6
C. John Mackenzie. of Fairburn (fl. 1650 ?)	Air chall. ³	?
D (& E). George Mackenzie of Tarbat (1 st Earl Cromartie) – 'person of quality' (1630-1714)	1. BL Add MS 39205. ⁴ 2. An clò aig Sir W. Fraser.NAS GD 305/1/172. ⁵	0 0
E (& D) Person of Quality (?George Mackenzie of Tarbat, 1630-1714, air àrdachadh an inbhe gu Iarla Chrombaidh,)	1. NLS Adv MS 49.7.12. ⁶ 2. Gairloch MSS. ⁷ 3. NLS MS 657 ⁸ 4. Stonyhurst College. ⁹ 5. ML MS 591699 (b). ¹⁰ 6. ML MS 591706. ¹¹ 7. ML MS 591711. ¹²	0 0 0 ? 0 0 0
F. Applecross 'A' Le Iain Molach fear na Comraich c. 1667	1. NLS Acc 9711/1/1a. ¹³ 2. NLS Adv MS 34.6.27. ¹⁴	? 0
G. Applecross 'B' Sloinntearachd an seo nas motha na eachdraidh (mar a tha ann an Applecross 'A').	1. NLS Adv MS 35.4.8 fol. 85-163. ¹⁵ 2. NLS Acc. 9711/1/1b. ¹⁶	0 ?
H. Redcastle MS	Air chall	?
I. Allangrange MS (Gun urra.) ¹⁷	1. BL. Add. MS 40271 ff. 50-104. ¹⁸ 2. ML MS 591703. ¹⁹	40 40
J. Letterfearn MS. Hist. & Gen. of the Clan Mackenzie. Gun urra. ²⁰	1. BL. Add. MS 40271 ff. fol. 104-123. ²¹ 2. NLS MS 2133, ff. 213-245 [x 2]. ²²	0 0
K. Mr John McRa († 1704) & an 'Ardentoul Manuscript'. ²³	1. BL Add MS 40721 ff. 1r-49v. ²⁴ 2. Edinb. Pub. Lib., RBR QX DA758.3.MK37. ²⁵ 3. Air chall. ²⁶	34 28 8
L. Dr George Mackenzie († 1725). ²⁷	1. BL Add MS 40720. ²⁸ 2. NAS GD 46/14/1. ²⁹ 3. NLS MS 2135, (ff. 307-). ³⁰ 4. ML MS 591701. ³¹ 5. Kilcoy MS (air chall ?)	0 0 0 0 ?
M. Mr Hector Mackenzie. ³² (c.1645-1719)	ML MS 591702	25
N. Deduction (Rodk. Mackenzie, c. 1755)	1. ML MS 591699. ³³ 2. Gairloch MSS., Conon House. ³⁴	0 0

O. Gairloch MS. Conon House, am measg pàipearan fear Gheàrrloch	1. Genealogical Series of the family of Gerloch (1776). ³⁵	4
	2. 'Memorial for the family of Gerloch to be inserted Dugglasses Barronage 1766...' ³⁶	0

Nota taic 2

1. Ruairidh beag mac Ruairidh mòr, no 'Rorie Mackenzie.' Beò am meadhan an t-siathamh linn deug. 'Mr Rorie who then waited on Mackenzie and afterwards died parson of Contin.' ML MS 591702. Macdonald, 1931-33: 205.
2. Na phearsa eaglais air oighreachd MhicCoinnich c. 1567-c.1594 x 1611. Aon rann Gàidhlig leis air a ghlèidheadh anns an 'Ardentoul MS' agus a-rithist aig Mgr Hector. ML MS 591702; BL Add MS 40721.
3. Beò mu mheadhan na seachdamh linn deug. Fhuair Mgr 'Hector,' 1710, sealladh air an LS a dh' fhàg Iain fear Farabhraoin nuair a sgrìobh e fhèin a chuid eachdraidh.
4. 'Sir George Mackenzie's history of the family. Copy of Lord Tarbet's Manuscript made by Lewis Mark Mackenzie of Findon (1849).' Munro, 1999.
5. 'Cromartie' – W. Fraser, ed. (1876: pp. 462-513).
6. "The genealogie of the Mackenzies predeeding the year 1661 written in the year 1669 by a person of quality."
7. "The genealogie of the Mackenzies predeeding the year 1661 written in the year 1669 by a person of quality." Tha 'G E of C Flowerdale, 1754' sgrìobhte air an dreach a tha am measg pàipearan fear Gheàrrloch.
8. NLS 657 – leth bhreac le John Matheson (1732).
9. Chan fhaca mi an LS seo a tha ann an Colaisde an Sasainn.
10. Earrann fìor bheag de eachdraidh a' chinnidh.
11. 'Fragment' – Chan eil ann an seo ach mir bheag de LS nas fhaide.
12. Leth-bhreac beag. Mu 30 duilleag (mu 7cm x 4 cm) a tha gann de dh' fhiosrachadh.
13. 'Genealogy of the surname of Mackenzie since their coming into Scotland collected by John Mackenzie Applecross.'
14. An clò ann am MacPhail, ed. *Highland Papers* ii, 5-68.
15. LS an clò aig an J.T. Clark ed., *Genealogical Collections concerning families in Scotland made by Walter Macfarlane 1750 – 1751* (SHS, Edinburgh, 1900, 2 vols) vol. i, 69-102.
16. Chuir 'persons of quality' ann an Inbhir Pheofharain seo an clò ann an 1843.
17. Rinn Lewis Mark Mackenzie leth-bhreac dhan an seo dha fhèin mu 1850, agus aig an àm sin: 'the original is in the possession of Mrs Mackenzie of Allangrange.' BL Add MS 39208, fol. 56.
18. History and Genealogy of the chiefs of Mackenzie, MS from Murdoch Mackenzie esqr, Calcutta, Balavil, Feb, 1857.' Leth-bhreac dheth a rinn Lewis Mark Mackenzie. Ochd piosan beaga de bhàrdachd Gàidhlig, dà fhichead loidhne uile gu lèir. Tha nota air aon dhuilleag ann am peansail le ainm 'Alexander Mackenzie' (Celtic Magazine) fodha, 1878. 'This is a copy (with the spelling partly modernised by the copyist) of the "ancient " Allangrange MS so often quoted in the Allangrange service in 1829, added the conclusion from the original, now in my possession, the first 20 leafes (?) of the original is incomplete...'

19. Mitchell Library, LSn a bha ann an leabharlann Chaisteal Bhrathain. Tha mi a' smaoinneachadh (gun cus dearbhadh) gur dòcha gur e teacs 'tùsail' a th'ann an seo a thaobh coltas an sgrìobhaidh agus an coltas àrsaidh 'Scotach' a th' air na cruthan sgrìobhaidh Gàidhlig.
20. Leis an ainm seo, 'Letterfearn MS' oir bha leth-bhreac aig 'L. Mackinnon of Letterfearn' aig aon àm dhan dreach a bh' aig Dòmhnall Gregory agus a ghabh Alasdair MacCoinnich seo air iasad bhuaithe.
21. Leth-bhreac a rinn Lewis Mark Mackenzie (1849) o LS a fhuair e o W.F. Skene le Dòmhnall Gregory. Chan eil rannan de Ghàidhlig anns an dreach seo.
22. Seo an dreach a bh' aig Dòmhnall Gregory. (Tha leth bhreac anmoch eile de dh' eachdraidh Chloinn MhicRath le Mgr Iain MacRath air a cheangal ri thaobh).
23. Bha Mgr Iain MacRath (†1704) na mhinisteir an Inbhir Pheofharain. Rinn e eachdraidh cuideachd do Chlann MhicRath. Bha leth-bhreacan dhan na h-eachdraidhean aige lionmhor. Rinn Lewis Mark Mackenzie leth-bhreac dhan eachdraidh seo dha fhèin mu 1849. A rèir na sgrìobh esan (an 1849) chaochail Iain MacRath ann an 1704 is e air aois 90 a ruighinn. Chaidh tàir-sgrìobhainn a dhèanamh le Fearchair MacRath an Inbhir Ionaid ann an 1786, ach b' e tàir sgrìobhainn a rinn 'Captain (afterwards Sir) John MacRa (of the Royal Scots) from MacRa's transcript of the book in possession of Dr John MacRa of Chit-tagong,' ann an Calcutta ann an 1816 a chunnaic Lewis Mark Mackenzie (an 1849). Dh' fhàg Lewis Mark Mackenzie nota cuideachd a tha na fhuasgladh air an t-ainm an Làmh-sgrìobhainn: 'Sir John MacRa's copy of [the manuscript] belongs to Miss Flora MacRa of Ardintoul, Kintail, Ross, his sister, Sept 1849.' BL Add MS 39208 fol. 180.
24. 'History of the Clan Mackenzie by John MacRa minister of Dingwall, 1704.' Theirinn-sa gur e seo an dreach tùsail – is dòcha le làmh Mhic Rath fhèin ach a' chiad dà dhuilleag a-mhàin. Tha leth bhreac dhan chiad dà dhuilleag a bha air chall air a cheangal ris a' chòrr dhan LS. Chaidh a' chiad dà dhuilleag a bh' air dhìth a cheangal ris an LS le Lewis Mark Mackenzie (c. 1849 ?) o leth-bhreac a bh' aige do èagradh eile a bh' aig Fear an Ùird. Seachd bloighean beaga de Ghàidhlig.
25. 'By JMR.' Chan eil an eachdraidh san leth bhreac seo a' dol seachad air 1651. Coltas nach e seo idir an dreach tùsail dhan eachdraidh ach leth-bhreac nas anmoiche leis gu bheil rannan a dhìth. Seo an dreach a bha A. Mackenzie a' cleachdadh airson 'The History of the Mackenzies,' agus, seo an leth-bhreac a bha an Urr. Uilleam MacMhathain a' cleachdadh cuideachd. Tha ainm 'William Matheson' agus '1959' sgrìobhte am broinn an duilleag-aghaidh.
26. Bloigh de LS a tha air fhoillseachadh (Macdonald, 1931-33) fon ainm 'Fragment of a Mackenzie Manuscript.' Ochd loidhnichean de rann Gàidhlig ann. Bha seo aig 'Aeneas MacDonnel of Morar' anns an 19mh linn ach tha e air a dhol à sealladh bho chaidh a dheasachadh, 1931-33.
27. B' e ogha do Sheòras an dàrna Iarla Siophoirt († 1651) a bh'anns an Dr Seòras. Bha an Dr Seòras ag obair mar lighiche an Dùn Èideann is chaochail e ann an 1725. Bha seo a' fighe Eachdraidh Clann Choinnich agus eachdraidh Fitzgeralds is eile an Eirinn ri chèile, taobh ri taobh sìos chun an latha aige fhèin (Munro, 1997).
28. Briathrach. 'six MSS wrote of it by six different persons, which I have by me...' Chan eil rannan de Ghàidhlig anns an dreach seo (BL MS). A rèir Munro (1999), 'copied by Alexander Mackenzie of Breda from Kilcoy MSS.'
29. Tha an làmh-sgrìobhainn seo a' tighinn gu crìoch le fios mun Tighearna Tarbat (Iarla Chrombaidh) agus Aonadh nam Pàrlamaid 1707, air t.d. 258.
30. Ceangailt ann am pasgan leabhair cuide ri LSn eile (ff. 307-398).

31. Tha ceud, ceithir fichead sa sia taobh duilleag anns an làmh-sgrìobhainn seo (186 t.dd.) ach tha e coltach ris gu bheil an deireadh a a dhìth air. Tha e a' ruighinn chàirdean Chailein Càim (bh. 1594). Rannan Beur' ann is Laideann ach chan eil aona rann Gàidhlig ann.

32. Is dòcha fear a bhuineadh do shliochd Gheàrrloich taobh athair. Cheumnaich e 1666 ann an Obar Dheathain is a bha na mhinisdeir an Cinn a' Ghiuthasaich is an uair sin an Inbhir Nis, c. 1688-1694. B' e Easbaigeach daingeann a bh' ann agus chaidh a chur às a dhreuchd air thàillibh sin agus chum e air a' searmonachadh an Gàidhlig an Inbhir Nis gus an do chaochail e ann an 1719. *FES* vi, 457. *NAS GD 46/14/1* fol. 118-120. (Mackenzie, 1894: 492). Teacs tùsail an seo sgrìobhte le Mgr Eachann na dhachaigh fhèin ann an Inbhir Pheofharain, 1710. Cha deach àireamhan a chur air duilleagan an L^S seo (ach an cunntadh agam fhìn). Cho fad's is aithne dhomh chan eil dreach eile ann dhan làmh-sgrìobhainn seo. Tha ochd bloighean bheaga de dhàin ann - 25 loidhne de Ghàidhlig uile gu lèir. Bha an làmh-sgrìobhainn ann an leabharlann Chaisteal Bhrathain, agus thàinig e a steach a thaigh-tasgaidh Mhitchell ann an 1942.


33. 'Deduction of the Family of Seaforth from its first Settlement in Scotland down to the present time [1755].'

34. A deduction of the family of Seaforth from its first settlement in Scotland (1798 ?).

35. Tha iad seo (1 & 2) air an ceangal ann an leabhran cuide ri lethbhreac de dh' eachdraidh 'George Mackenzie Earl of Cromartie' agus an 'Deduction.'


36. B'ann ag amas air leabhar a chur Sir Robert Douglas a-mach a bha an dàra pìos seo: 'The Peerage of Scotland' (Edinburgh, 1764).

PT 3, Dealbhan



PT 3.1 Ìomhaigh ga chleachdadh le cead o Leabharlann Bhreatainn. (© *The British Library Board. BL Add MS 40721.*)

Beàrn far a bheil e air an rann Gàidhlig fhàgail às – ach bha dùil aige a lionadh (?) oir tha e air beàrn fhàgail far an deidheadh an rann agus “an fhuasgladh” Beurla a chuir ann cuide ris.



PT 3.2 Ìomhaigh air a chleachdadh le cead o leabharlann Mhitchell, Comhairle Bhaile Ghlaschu. (Image by courtesy of *The Mitchell Library, Glasgow City Council.*)
 “Sorri let Khenich oig, vona thregis do charroir...”

He apprehended likewise John Glapthigh M^r Echlin & sent
 him prisoner to Sladownan where it was said he was poi-
 sed by the Constable Lady whereupon an certain female
 foster sister of his made the following rhyme whether or not
 I am not to justify
 Give Dire i chainach mi dhith
 Thuy Nyn Eir de m^r zackin
 Zhorrids se uichin de zeloyy
 Di drouch quyorre sad i ruber
 This Men Eir was spouse to John M^r Urche Dwy priest of
 Hinstal who was preferred to be Constable of Sladownan, a great
 hate having arisen between the M^r dais & M^r Lennox, which this

PT 3.3 Ìomhaigh air a chleachdadh le cead o leabharlann Mhitchell, Comhairle Bhaile Ghlaschu. (Image by courtesy of The Mitchell Library, Glasgow City Council.)


“Gire Dire i chainnich mi dhith...”

I am sure you have been so more than I this day, but it's fit to take
 your advice, MacRa play on, the marvel that he played upon his
 name being a vagabond fellow answers him in this Irish Rhime
 as was usual with men in these Times to do.
 Eachin le seachk fichtid ferr,
 Agus us le 'oughk keid
 Se MacRa i mharve na Doanie
 Er baish Knockfarrerll
 We sense whomef may be rendered thus in English Meter,
 Altho' MacRa doth fortunate impart
 Tho' he deserv'd that name whose brave offit
 Did he right hand so men desal & many kill
 With his even score on the face of Hazard hill.
 We hear no more that valied livest Sir William & Hector, yet
 Sir William wanted not ether Enemies, for going to Lochcarron whither

PT 3.4 Ìomhaigh ga chleachdadh le cead o Leabharlann Bhreatainn. © The British Library Board. BL Add MS 40721

“Eachin le seachk fichtid ferr, Agus us le t'oughk keid, Se MacRa i mharve na Doanie Er baish Knockfarrerll”

le “fuasgladh” sa Bheurla sgrìobhte air oisean cli na duilleige.



PT 3.5 Ìomhaigh air a chleachdadh le cead o leabharlann Mhitchell, Comhairle Bhaile Ghlaschu. (Image by courtesy of The Mitchell Library, Glasgow City Council.)


...with him when a grey hound noticed the big-man entering the dore, the grew hound bired all up and wold [flee] at the big man, at which the man fled and fell back, Mac Kenich seeing which, said smilingly:

Mas moir shid va n ein, berim teriv gim tash
Mar tha I. an mac Nay, techig ro chren choin chlash

To this sense,

Iff the Finerin were such surly then
I may conclude they were not hardy men
But soft and timmrous as thou as found (?)
A fleeing for fear from a swartling hound

Upon the morow the man was missed and nevir seen thereafter. This is not fixtion but a true story, for there ar yet one lyfe that saw and spake with them that saw the horns Vlair was so very weell loved and feared that many men was content to have his favour...



PT 3.6 Dealbh 6: BL Ardentoul MS, Rev John MacRae (c. 1678). Add. MS 40721 fol. 15v (23). (PT 1, 8). Ìomhaigh ga chleachdadh le cead o Leabharlann Bhreatainn (© The British Library Board).

Beàrn air fhàgail aige far am bu chòir don dàrna ceathramh a bhith.


Innversheal na Strave glais

Tair asse 's ferr eil ga tisse

Neannag ga kiel a' kass

Bi leannan aik e' niss

PT 4 Mapa a' sealltainn na sgìrean ann an oighreachd MhicChoinnich




Saoghal Chlann Choinnich rè an 16mh-18mh linn

Cuid de dh' àitean air a bheil iomradh san teacsa

PT 5 Ceanglaichean Chàirdeis

Ceannardan Chlann Choinnich (Sliochd Chinntàile) anns an 16mh linn agus Ruairidh Beag mac Ruairidh Mhòir.



Fios bho Duncan Warrand, *Some Mackenzie Pedigrees* (R. Carruthers, Inverness, 1965) 3-15, 130-31, 142-43.

Nota

